

# A' spionnadh sunnd an teaghlaich

*Cleachd an copaidh gu h-ìseal gus conaltradh a dhèanamh ris an luchd-èisteachd agus fios a leigeil thuca mun taic a tha ri faotainn do theaghlaichean. Gu h-àraidh, an fheadhainn nach eil a' cleachdadh nam meadhanan sòisealta no a' faighinn conaltradh ann am post-dealain.*

## **Copaidh SMS/WhatsApp a thathar a' moladh:**

Tha e mar amas aig iomairt ùr seo “A’ Spionnadh Sunnd an Teaghlaich” bho Chlub nam Pàrant do bhrosnachadh is do chuideachadh gus cleachdaidhean sìmplidh agus eadar-ghnìomhan deimhinneach leis a’ chloinn agad a thoirt a-steach nur beatha làitheil, a dh’fhaodadh a bhith air chall sa bhliadhna gu leth a chaidh seachad.

Bheir “A’ Spionnadh Sunnd an Teaghlaich” fios do phàrantan mu phrionnsapalan a chuireas ri toileachas, misneachd agus neo-eisimeileachd na cloinne – rudan leithid neartachadh, sàbhailteachd, cumhachdachadh, ag obair còmhla agus earbsachd. Bheir an iomairt stiùireadh do phàrantan cuideachd gus na prionnsapalan seo a fhigheadh a-steach nan cuid mhòmaidean làitheil, gan cuideachadh gus misneachd agus faireachdainn uallaich a thoirt dhan cuid cloinne.

Comhairle leithid àm gun bhriseadh a-steach. Feuch ri suidhe sìos le do phàiste a h-uile là dreiseag gun bhriseadh a-steach còmhla. Cùm sùil orra, thoir fa-near dha na tha iad a’ dèanamh agus leig fios thuca gu bheil ùidh agad ann. Cuidichidh seo riutha faicinn gus bheil an cuid ùidhean is fheuman cudromach, a’ toirt orra a bhith a’ faireachdainn sàbhailte.

Gus barrachd fhaighinn a-mach mu iomairt “A’ Spionnadh Sunnd an Teaghlaich” agus barrachd comhairle theòma fhaighinn, tadhail air [ParentClub.scot](https://parentclub.scot).

*Dubh às an earrann ann an gorm mas ann tro SMS seach WhatsApp a tha thu a’ cur seo.*